# Rùraich an taigh-tasgaidh

Tha saoghal ri rùrachadh air gach ùrlar is na mìltean de rudan mìorbhaileach air feadh dhusanan de ghailearaidhean, prògram beòthail de thachartasan, taisbeanaidhean a dh'atharraicheas gu cunbhalach agus deagh àitichean airson biadh is fois a ghabhail.

## Clàr-samhla

- Deasg fiosrachaidh
- Tiocaidean/Ballrachd
- Taigh-beag nam ban
- Taigh-beag nam fear
- Taigh-beag so-ruigsinneach
- Taigh-beag (cumhang) Changing Places
- Seòmar nam badan
- Staidhre
- Àrdaichearan
- Staidhre bheò
- Staidhre shnìomhanach
- Slighe do chiorramaich
- Locairean
- Do theaghlaichean
- Ionad-cruinneachaidh
- Bùth
- Balcony Café (Cafaidh a' Bhalconaidh)
- Museum Kitchen (Cidsin an Taigh-tasgaidh)
- Àite airson nan diathadan
- Natural World (Saoghal Nàdarra)
- World Cultures (Cultaran an t-Saoghail)
- Collecting Stories (Cruinneachadh Sgeulachdan)
- Art, Design and Fashion (Ealan, Dealbhadh agus Fasan)
- Science and Technology (Saidheans agus Teicneòlas)
- Scotland (Alba)
- Taisbeanaidhean sealach
- Roof Terrace (Barraid a' Mhullaich)
- Learning Centre (Ionad-ionnsachaidh)
- Research Library (Leabharlann Rannsachaidh)

**Dèanaibh ath-chuairteachadh.** Ma tha sibh deiseil den mhapa seo, tillibh thugainn e aig an deasg fiosrachaidh.

June 2023

Gàidhlig

# Mapa



Sùil-tuigse air an t-Saoghal
*Grand Gallery*
*(An Gailearaidh Mòr)*
Làran 0–5

National Museum of Scotland

Wi-Fi
nms.ac.uk



# Rùraich na cruinneachaidhean




Prìomh Dhoras-beòil

Doras-beòil an Tùir

## Natural World

Tha ar Tyrannosaurus rex gaolach mar fhreiceadan an dorais a-steach do sreath ghailearaidhean iongantach mu dheidhinn na talmhainn prìseil againn. Faighnichidh sinn ceistean mòra an-seo: mar a tha an saoghal ag obrachadh, dè an t-eòlas a th' againn air, agus dè an t-àite againn fhìn anns a' chruinne-cè.



**Tyrannosaurus rex**
*Animal World*
*(Saoghal nam Beathaichean)*, Làr 1

## Art, Design and Fashion

Tha na gailearaidhean sòghail seo a' taisbeanadh a' chuid as fheàrr de dh'ealain sgeadachail, dealbhadh, fasan agus stoidhle. Lorg stòras prìseil de chruthalachd, rùraich a' bhuaidh aig dealbhadh air beatha làitheil agus faic mar a tha luchd-dèanaimh ri ùr-ghnàthachadh an-diugh fhathast.



**Mantal na cùirte bhon 18mh linn**
*Fashion and Style*
*(Fasan agus Stoidhle)*,
Làr 1

## Roof Terrace

Dèan do rathad suas gu Roof Terrace (Barraid a' Mhullaich) Làr 7 airson sealladh-speura Dhùn Èideann nach dìochuimhnichear gu bràth. Fosgailte 10:00–16:45, ruigear ann le staidhre bho ghailearaidh *Industry and Empire (Gnìomhachas agus Ìompaireachd)* Làr 5 no le Terrace lift (Àrdaichear na barraid).

## Scotland

A' tòiseachadh air Làr -1, bheir gailearaidhean na h-Alba thu o Sheann Linn na Cloiche chun latha an-diugh, o na cultaran as tràithe gu saidheans linn-fànais, ro-eachdraidh gu cultar pop. Buail aghaidh ri aghaidh le ulaidhean eachdraidh suaicheanta, ionnsaich mar a thug ùr-ghnàthachadh Albannach buaidh air an t-saoghal an-diugh, agus faic mar a dh'atharraich beatha muinntir na h-Alba tro na linntean.



**Fir-tàileisg Leòdhais**
*Kingdom of the Scots*
*(Rìoghachd nan Albannach)*, Làr 1



**An seud-lann a bh' aig Màiri, Banrigh na h-Alba**
*Kingdom of the Scots*
*(Rìoghachd nan Albannach)*, Làr 1

## World Cultures



Coinnich ri iomadach sluagh is cultar agus lorg mar a tha sinn eadar-dhealaichte agus mar a tha sinn coltach ri chèile. Buinidh na nithean is cisteanan-amhairc do ar cruinneachaidhean as sine agus iad a' foillseachadh nan ceanglaichean eadar Alba agus an saoghal.

**Cidhis mumaidh le òradh**
*Ancient Egypt Rediscovered*
*(An Èiphit Àrsaidh air Ùr-lorg)*,
Làr 5

## Science and Technology



Conaltradh, còmhdhail, gnìomhachas, innleadaireachd, cumhachd agus cungaidhean: ciamar a dh'atharraich nuadh-innleachdan teicneolach ar beatha? Rùraich eachdraidh ùr-ghnàthachaidh an Alba agus air feadh an t-saoghail tro gheamaichean eadar-obrach agus taisbeanaidhean smuaineachail.

**Doilidh a' chaora**
*Explore (Rùraich)*, Làr 1

## Collecting Stories

Lorg mar a dh'fhàs an Cruinneachadh Nàiseanta airson ionnsachadh ciamar agus carson a fhuair agus a chruinnich sinn nithean feadh nan 200 bliadhna seo a dh'fhalbh, agus mar a tha sinn fhathast ris.



© Ruth Armstrong Photography

**Cloc nam Mìle Bliadhna**
*Collecting Stories*
*(A' cruinneachadh Sgeulachdan)*,
Làr 1

# An turas sònraichte

Rùraich ar gailearaidhean agus ionnsaich tuilleadh mu na nithean sònraichte a nochdas an-seo, agus taisbeanaidhean eile as fhìor fhiach sealltainn orra, le turas-èisteachd Smartify air a' fòn-tapaidh agad aig **smartify.org**

SMARTIFY



# Gabh buannachd às do thuras

## An-seo gus do chuideachadh



© Andy Catlin

Tha gioba Eòlais an Luchd-turais an seo gus cuideachadh le tuilleadh fiosrachaidh no seòlaidhean rè an turais agaibh.

## Inntrigeadh

Tha àrdaichearan do gach làr, taighean-beaga freagarraichte, agus taigh-beag Changing Places ann – seall air a' mhapa airson àiteachan, no faighnich do neach-sgioba. Gheibhear cathraichean-cuibhle air iasad bho na deasgaichean fiosrachaidh.

Tha lùban ion-ductaidh an sàs aig na deasgaichean fiosrachaidh agus san Ionad-èisteachd.

Tha fàilte ro choin-thaice chomharraichte agus chlàraichte.

## Ceannach agus biadh

Gabh fois aig Cafaidh a' Bhbhalconaidh (Làr 3) no Cidsin an Ttaigh-tasgaidh (Làr 0) airson cofaidh is cèic no greim beag bìdh.

Thoir ruith air **bùthan** an taigh-tasgaidh (Làran 0, 1 agus 3) no ceannaich air-loidhne aig **nms.ac.uk/shop**

Tha **àite nan diathadan** (Làr 0) ann airson picnicean nuair nach eil sgoiltean no buidhnean mòra eile ga chleachdadh. Faighnich do sgioba Eòlas an Luchd-turais fhad 's a tha thu a' tadhal oirnn.

**Chan fhaodar ithe no òl ann an gailearaidhean an taigh-tasgaidh**

## Taisbeanaidhean, tachartasan agus slighean an-diugh



© Chris Scott

Sganaich an còd QR gus sealltainn air dè tha dol an-diugh:

## Do theaghlaichean



© Ruth Armstrong Photography

Tha gailearaidhean eadar-ghnìomhail agus àiteachan do theaghlaichean gan sònrachadh air a' mhapa. Faigh tuilleadh fios air tursan do theaghlaichean aig **nms.ac.uk/familyhub**

## Cuir taic ri Taighean-tasgaidh Nàiseanta na h-Alba

Mar charthannas, tha sinn an eisimeil thabhartasan airson cùram a ghabhail de dh'ulaidhean na h-Alba agus an cuid sgeulachdan a thoirt beò dhuibhse.

Dèan tabhartas air-loidhne aig **nms.ac.uk/supportus** no aig àite-tabhartais anns an taigh-tasgaidh. Mòran taing.

*Tha Taighean-tasgaidh Nàiseanta na h-Alba nan carthannas Albannach, àir. SC011130*

Green Tourism GOLD

Scottish Tourist Board ★★★★★ MUSEUM